

## Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 25 Gearran 2016, 1400-1700

### Dreach geàrr-chunntas

**Bòrd:** Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Magaidh Choineagan  
Alasdair MacCaluim Iain Stephen Moireasdan

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Mairead Chamshron (Deasaiche Seanail)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA)

### Gnothaichean gnàthach

#### 1. Leisgeulan

Buill: Catriona Nic a' Phì

Luchd-obrach: Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)

#### 2. Gnothach Dearbhte

- Alasdair MacCaluim – a' gabhail pàirt ann am prògram sci-fi le Radio nan Gàidheal
- Jo NicDhòmhnaill – a' dèanamh beagan eadar-theangachaidh airson làrach lìn a' BhBC; ag obair air Beag air Bheag leis a' BhBC agus ag obair fhathast air pròiseact cogaidh leantainneach a' BhBC.
- Iain Stephen Moireasdan – a' gabhail pàirt ann am prògram le mactv

#### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 25/11/15

Aontaichte.

#### 4. **Gnothaichean ag èirigh**

##### Rannsachadh mu bhuidh BBC ALBA

Chaidh innse gu bheileas fhathast am beachd a dhol an sàs ann an rannsachadh le BnaG agus Oilthigh Dhùn Èideann mun bhuidh a th' aig na meadhanan air cànan. Chan eil seo air gluasad cho luath 's a bhathas an dòchas, le dàil trì mìosan air a' phròiseact. Thèid fiosrachadh a chumail ris a' Chomataidh. (Gnìomh: IMT)

##### Co-labhairt mu chraoladh – 15/3/16

Thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh air susbaint a' cho-labhairt (Gnìomh: DC/IMT/MMM)

##### Aithisg air 'language shift' le Alison Lang

Chaidh aontachadh gun deidheadh seo ath-chuairteachadh air a' Chomataidh. (Gnìomh: MAMI)

##### Adhartas sa Ghnè: Clann & Òigridh

Chaidh innse gu robh seo air beulaibh Bòrd na Co-bhanntachd air 19/2/16. Chaidh aontachadh gu robh feum gluasad gu sgiobalta gus cuideigin fhastadh airson ùine airson leasachadh a' ghnè ach gu robh mi chinnt ann a thaobh maoinachadh/obraichean. Dheigheadh fios a chumail ris a' Chomataidh (Gnìomh: DC)

##### Aithisg air luach agus èifeachdas oidhirpean sanasachd.

Thèid seo a sgaoileadh air Buill gach mìos leis a' mhanaidsear margaidheachd. (Gnìomh: IMT)

##### Tàr-shanasachd (Cross Promotion)

Chaidh innse gu robh coinneamhan air gabhail àite taobh a staigh a' BhBC gus an iomairt seo a thoirt air adhart agus gu bheil taic ann bho Bòrd-stiùiridh a' BhBC.

#### **Airson deasbaid**

#### 5. **Fèin-mheasadh na Comataidh**

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' mìneachadh gu robhas am-bliadhna a' cur an cèill fèin-mheasadh foirmeil den Chomataidh. Bha na Buill riarachta leis a' cheisteachan, ged a chaidh puing a thogail carson nach robh e sa Ghàidhlig. Ni gach ball measadh fa-leth agus thèid an cur gu Cathraiche na Comataidh agus chun Àrd-Oifigear ro 31/3/16. Thèid na freagairtean an

toirt còmhla (consolidated response) agus nochdaidh seo air clàr na h-ath choinneamh den Chomataidh agus an uair sin thèid e gu coinneamh Bùird airson fios/deasbad. (Gnìomh: MAMI)

## 6. Gàidhlig ann am prògraman

Bha pàipear air beulaibh Bhuill a' tarraing ri chèile 1) feallsanachd agus stiùireadh na buidhne a thaobh cànan b) co-theacsa eadar-nàiseanta le seanailean mion-chànain eile agus 3) fianais mu Ghàidhlig agus Beurla ann an clàr BBC ALBA. Chaidh deasbad fharsaing a chumail agus thug an Cathraiche seachad beachdan Ball nach robh an làthair.

Chaidh na leanas aontachadh:

- Nach bu chòir cuota Gàidhlig a bhith aig BBC ALBA;
- Gum bu chòir strì a dhèanamh aig ìre riochdachaidh mu choinneimh amasan leasachaidh gach prògram fa leth a rèir ro-innleachd an luchd-coimhid;
- Gum bu chòir mìneachadh a bharrachd a stèidheachadh airson prògraman far a bheil cleachdadh na Beurla an dùil a bhith seachad air ìre sònraichte de dh'aithris anns a' phrògram;
- Gum biodh e iomchaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidh/ro-innleachd na seanail san ùine air thoiseachd ann an co-theacsa àrainneachd ùr craolaidh ann an Alba.

Chaidh aontachadh an cuspair a chuir air clàr-obrach na Comataidh uair sa bhliadhna. (Gnìomh: MAMI)

## 7. Poileasaidh Gàidhlig MG ALBA

Bha pàipear air beulaibh Bhuill le poileasaidh Gàidhlig na buidhne agus plana-gnìomh na buidhne air an ùrachadh. Bha Buill riarachaidh leotha agus chaidh an aontachadh.

## 8 & 9 Taisbeanaidhean bho Bees Nees & Solus

Ri linn atharrachadh ann an deit na coinneimh, chaidh iad seo a chuir dheth. Thèid coinneamhan a chuir air dòigh leotha sna làithean ri thighinn. (Gnìomh: MAMI)

## 10. GISBE

### Aithisgean ràitheil

Mhol an Cathraiche gun toireadh Buill na Comataidh sùil orra seo air an eadra-lìon.

### Soraidh slàn

Le a theirm na Bhall a' tighinn gu crìch air 30/4/16, b' e seo a' choinneamh mu dheireadh aig Alasdair MacCaluim. Chaidh taing mhòr a thoirt dha às leth na Comataidh airson obair dhìcheallach agus ionmholta air a' chomataidh agus chaidh gach maith a bhuileachadh air a' dol air adhart.

### Prògraman BBC ALBA

Chaidh taing a thoirt don sgrìoba phrògraman agus do na riochdairean airson prògraman sònraichte thairis air na mìosan a dh'fhalbh.

**Deit na h-ath choinneimh – 27/4/16**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*